

27 An Lùnastal 2019

A Phàrtaidh/Neach-cùraim chòir

Thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Sgoil Bhàgh a' Chaisteil agus Sgoil-Àraich Bhàgh a' Chaisteil anns a' Mhàrt, 2019. Fhad 's a bha sinn ann, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann is òigridh agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Tha an ceannard-sgoile air deagh thoiseach tòiseachaidh a dhèanamh agus tha seo a' togail miann airson atharrachadh taobh a-staigh na sgoile. Tha i air siostaman agus pròiseasan nas èifeachdaiche a stèidheachadh bho chionn goirid gus obair na sgoile a mheasadh is a sgrùdadh.
- Tha dealas aig a' chloinn is òigridh airson a bhith ag ionnsachadh, an dà chuid an fheadhainn a tha ag ionnsachadh tron Ghàidhlig agus tron Bheurla. Thathar a' cleachdadh àrainn na sgoile agus a' choimhearsnachd ionadail gu cunbhalach agus gu h-èifeachdach agus tha seo a' cur ris an ionnsachadh aca. Thathar a' cumail deagh thaic ri leas corporra na cloinne agus na h-òigridh tron fharsaingeachd de thachartasan spòrs is cultarail a tha a' dol air adhart sa choimhearsnachd ionadail.
- Tha an obair com-pàirteachais eadar luchd-obrach, pàrantan, Comhairle nan Eilean Siar agus buidhnean com-pàirteachais air cur ris na h-àireamhan a tha a' clàradh airson Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) aig ìre na sgoil-àraich agus na bun-sgoile. Tha a' choimhearsnachd san fharsaingeachd a' cur luach san dòigh anns a bheil an sgoil a' comharrachadh na tha cudromach dhan Ghàidhlig, dhan eilean agus dhan chultar tro phròiseactan na làn sgoile.
- Coileanadh làidir sna h-ìrean as sine far a bheil daoine òga soirbheachail ann an raon farsaing de theisteanasan nàiseanta.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn leis a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle nan Eilean Siar.

- Cuir ri càileachd an teagaisg, ionnsachaidh agus measaidh air feadh na sgoile agus na sgoil-àraich. Feumaidh luchd-teagaisg ìre nas àirde de dhùbhlann a thoirt seachad gus am bi clann agus òigridh air am misneachadh leis an ionnsachadh aca agus a' gabhail làn phàirt ann.
- Taobh a-staigh an fhrèam-obrach nas fharsainge airson ath-sgrùdadh air a' churraicealaim, tha e cudromach gun tèid prògraman agus cùrsaichean soilleir agus adhartach a dhealbhadh airson gach raon den churraicealam air feadh na sgoile. Cuidichidh seo luchd-teagaisg gus planadh nas èifeachdaiche a dhèanamh gus togail air an ionnsachadh a rinn a' chlann is òigridh mar-thà.

- Cleachd comhairle is stiùireadh nàiseanta gus fèin-mheasadh a dhaingneachadh ann an cleachdaidhean na sgoil-àraich is na bun-sgoile tron Ghàidhlig is tron Bheurla. Bu chòir dòigh-obrach nas fhosgailte a bhith aig an luchd-obrach. Bhiodh e feumail leantainn air adhart le bhith a' togail tuigse aontaichte air dè th' ann an cleachdadh èifeachdach ann an ionnsachadh tràth agus cùram-chloinne, a' gabhail a-steach làn bhogadh.
- Le taic bhon ùghdarras ionadail, bu chòir dhan sgoil leantainn oirre le bhith a' leasachadh Sgoil Bhàgh a' Chaisteil mar sgoil le inbhe Ghàidhlig. Bu chòir seo làn aire a thoirt air comhairle nàiseanta mu FMG agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) mar dhàrna cànan. Cho luath 's a ghabhas, feumaidh prìomh luchd-stiùiridh, le taic Comhairle nan Eilean Siar, cur ri leantainneachd anns a' churraicealaim ann am FMG san àrd-sgoil gus am dèan barrachd dhaoine teisteanasan agus duaisean.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} deasachadh\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. Às dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo na measaidhean aig Foghlam Alba airson Sgoil Bhàgh a' Chaisteil

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson na sgoile	Measadh
Stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} Eagran) , Pàipear-taic 3: An Sgèile Sia-puing	

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson na sgoil àraich	Measadh
Stiùireadh atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An Sgèile Sia-puing	

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
[https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-\(western-isles\)/6203132](https://education.gov.scot/inspection-reports/eilean-siar-(western-isles)/6203132)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Iarraidh sinn air an ùghdarras foghlaim aithisg adhartais a chur thugainn mun phuing gnìomha mu churraicealam na h-àrd-sgoile airson FtG. Bidh seo taobh a-staigh bliadhna bho bhith a' foillseachadh na litreach agus thèid a cleachdadh gus co-dhùnadh a bheil feum air tuilleadh obair sgrùdaidh. Bheir Comhairle nan Eilean Siar fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile ann an raointean leasachaidh eile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Guch Dhillon
Neach-sgrùdaidh na Banrigh